

# Brush up on the NHS dental treatment you're entitled to.



Dh'fhaodte gun cuala tu mu dheidhinn atharrachaidhean ri cùram is leigheas fhiaclan air an NHS ann an Alba. 'S e aon rud nach bi ag atharrachadh, ge-tà, gum faod thu fhathast raon farsaing de chùram is leigheas fhiaclan fhaighinn tron NHS. Agus airson feadhainn, dh'fhaodadh an leigheas a bhith buileach an-asgaidh.

## Faigh tuilleadh fiosrachaidh aig [NHSInform.scot/dentist](https://www.nhs.uk/information-centre/dentist)

### Cosgaisean airson leigheas is sgrùdadh

Bho 1 Samhain 2023, ma tha thu a' pàigheadh airson leigheas fhiaclan air an NHS, dh'fhaodte gum mothaich thu àrdachadh ann an cìsean leighis. Tha na àrdachaidhean seo riatanach gus dèanamh cinnteach gur urrainn dhuinn cumail oirnn a' toirt seachad seirbheisean fhiaclan air an NHS, agus tha iad mar thoradh air àrdachadh sna cosgaisean airson an cùram a tha a dhìth a libhrigeadh do dh'euoslaintich.

### Ath-sgrùdadh fhiaclan air an NHS

Tha còir aig a h-uile duine ann an Alba air ath-sgrùdadh fhiaclan fhaighinn an-asgaidh air an NHS. Ach tha tricead nan ath-sgrùdaidhean a-nis stèidhte air an fheumalachd fa leth agad. Bidh am fiaclair agad a' bruidhinn riut mu dheidhinn seo aig gach sgrùdadh.

### Cìs euoslaintich

Mar a thachair roimhe, bidh euoslaintich a phàigheas airson an leighis aca air an NHS a' pàigheadh 80% de chosgaisean an leighis. Bidh seo fhathast cuibhrichte aig uas-mheud de £384 airson gach cùrsa leighis. Far a bheil cosgaisean sam bith a thèid thairis air an t-sùm seo, bidh subsadaidh ann bhon NHS. Cha phàigh thu a-riamh barrachd is £384 airson gach cùrsa leighis. Bidh a' mhòr-chuid mhòr de dh'euoslaintich a' pàigheadh fada nas lugha na seo.

### Leigheas fhiaclan air an NHS a tha an-asgaidh no aig prìs lùghdaichte

Faodaidh an fheadhainn a leanas leigheas fhiaclan fhaighinn an-asgaidh air an NHS:

- A h-uile duine a tha 25 bliadhna a dh'aois no nas òige
- Iadsan a tha leatromach no a tha air pàiste a bhreith san 12 mhios a chaidh seachad
- Iadsan aig a bheil neo-bhuailteachd theisteanichte do chis euoslaintich air sàilleibh teachd-a-steach no sochairean sònraichte

Dh'fhaodte gum bi còir aig feadhainn eile air leigheas fhiaclan aig prìs lùghdaichte tron Sgeama Teachd-a-steach Ìosal (LIS) aig an NHS. Tha an sgeama LIS a' cuideachadh, fa chomhair cuid no iomlanachd nan cosgaisean airson chisean euoslaintich air an NHS, leothasan aig nach eil còir

fhèin-obrachail air leigheas an-asgaidh fhaighinn ach aig am faodadh duilgheadas a bhith ann le pàigheadh. Tha cuideachadh fon sgeama stèidhte air teachd-a-steach agus an crochadh air measadh air comas-pàighidh an neach fa leth. Gheibhear fiosrachadh air Cuideachadh le Cosgaisean Cùraim-slàinte an seo: [Cuideachadh le Cosgaisean Cùraim-slàinte | NHS inform](#)

## Liosta phrìsean NHS

Cùram fhiacalan	Cìs euslaintich
Sgrùdadh (dearbhadh)	£0.00
Sgrùdadh agus comhairle ro-chasgach (a dh'fhaodas gabhail a-steach sgèileadh agus lìomhachadh ma thathar ga mheas riatanach)	£15.68
Dà x-ghath bheag	£11.04
Aon x-ghath mòr de dh'fhiacalan agus peirceall	£13.56
Cùrsa de shlàinteachas beòil agus glanadh domhain nan càireanan (thar 1 – 4 agallamhan fa leth)	£32.24 gu £93.32
Lìonadh beag geal (fiacal doras a' bheòil)	£21.20
Lìonadh beag meatailte (cùlag)	£12.72
Lìonadh mòr meatailte (cùlag)	£27.12
Leigheas freumh-chanàil	£94.96 gu £153.48
Cìs a bharrachd airson leigheas ath-fhreumh-chanàil	£44.08
Crùn singilte (dhaibhsan a tha 17 bliadhna a dh'aois no nas sine)	£149.24 gu £185.72
Às-tharraing sìmplidh (cosgais gach fiacal)	£28.84
Às-tharraing le obair-lannsa / iom-fhillte (cosgais gach fiacal)	£55.12 gu £75.48
Deudach iomlan uachdrach is ìochdrach	£344.32



Find out more at

[NHSinform.scot/dentist](https://www.nhs.uk/inform/scot/dentist)

